



**Fèisean nan Gàidheal**  
**Làimhseachadh Cunnairt agus Poileasaidhean**

**Ceann-latha: 15 Ògmhios 2010.**

**Poileasaidh: Poileasaidh Slàinte is Sàbhailteachd**

**Tha am poileasaidh seo na phàirt de cho-chruinneachadh de phoileasaidhean aig Fèisean nan Gàidheal**

**Poileasaidhean is Sgrìobhainnean Co-cheangailte:** A' Tomhas Cunnart ann an Àrainneachd na h-Oifise, Measadh Cunnairt DSE, Leantalachd airson a' Ghnìomhachais, Siubhail is Fònaichean Làimhe, Poileasaidh Làimhseachaidh, Dèiligeadh ri Uallach-inntinn, Dìon Chloinne, Làimhseachadh Cunnairt, Luchd-obrach nan Aonar, A' Tomhas Cunnart sna Fèisean & Stiùireadh, Leabhran an Luchd-obrach

**Adhbhar a' Phoileasaidh:** Gus dèanamh cinnteach à slàinte, sàbhailteachd agus math luchd-obrach, luchd saor-thoileach, daoine a bhios a' gabhail pàirt sna Fèisean, daoine a bhios a' tadhal agus daoine eile a chleachdas thoglaichean na buidhne, no toglaichean air mhàl no air iasad aig a' bhuidhinn agus aig na Fèisean, no a thèid an sàs ann an tachartasan a chuireas a' bhuidheann air dòigh no cuideigin co-cheangailte ris a' bhuidhinn.

**Geàrr-iomradh air a' Phoileasaidh:** Dleastanasan agus ceumannan gus dèanamh cinnteach à slàinte, sàbhailteachd agus math an luchd-obrach agus daoine eile a bhios ag obair an lùib tachartasan na buidhne. Chithear Measaidhean Cunnairt airson Àrainneachd na h-Oifise agus Sgrìonaichean Taisbeanaidh an cois a' phoileasaidh seo.

**Chaidh am poileasaidh a dhealbh le:** Iona NicDhòmhnaill, Oifigear Trèanaidh & Poileasaidh

**Chaidh e mu choinneimh na Buidhne Riaghlaidh (ceann-latha):** 01 An Gearran 2010.

**Aontaichte leis a' Bhòrd (ceann-latha):** 18 An Gearran 2010.

**Sgrùdadh mu dheireadh (ceann-latha):** An Gearran 2013

**Bu chòir sùil às ùr a thoirt air a' phoileasaidh seo (ceann-latha):** Sa Ghearran 2014.

**Catriona Nic an t-Saoir – 18 An Gearran 2010.**

## **Fèisean nan Gàidheal Poileasaidh Slàinte is Sàbhailteachd**

<b>Clàr-innse</b>	<b>Duilleag</b>
Geàrr-chunntas Gnìomhach	2
Mìneachadh	2
A' Sgaoileadh a' Phoileasaidh	2
Cunntas Poileasaidh	3
A' Tomhas Cunnart gu h-Ionadail	3
Dleastanasan nam Manaidsearan	3
Dleastanasan nan Oifigearan Cunnairt	5
Obair an Riaghladair Ionadail (S&S)	5
Inbhean Làimhseachadh Cunnairt	6
Dleastanasan na Buidhne Riaghlaidh a thaobh Slàinte is Sàbhailteachd	6
Luchd-obrach an Sàs ann an Slàinte is Sàbhailteachd	6
Stòrais airson Slàinte is Sàbhailteachd	6
Ath-sgrùdadh	7
A' Tomhas Cunnart ann an Àrainneachd na h-Oifise 2009	Eàrr-ràdh 1
Measadh Cunnairt DSE 2009	Eàrr-ràdh 2
Aithris Tachartais	Eàrr-ràdh 3

### Liosta de Phoileasaidhean is Sgrìobhainnean co-cheangailte ri Slàinte is Sàbhailteachd

Poileasaidh Dion Chloinne 2009

Poileasaidh Siubhail is Fònaichean-làimhe 2009

Leabhran an Luchd-obrach 2009

Poileasaidh airson Luchd-obrach nan Aonar 2009

Poileasaidh Làimhseachaidh 2009

Poileasaidh airson Dèiligeadh ri Uallach-inntinn 2009

Stiùireadh air Cofhurtachd is Sàbhailteachd airson Fèisean (Sàbhailteachd airson Coimpiutairean is DSE) 2002

Liosta Tomhas Cunnairt ann am Obair nam Fèisean 2008

## **Geàrr-chunntas Gnìomhach**

Tha am Poileasaidh Slàinte is Sàbhailteachd (S&S) a' sealltainn na dh'fheumar a dhèanamh fo Achd Slàinte is Sàbhailteachd aig Obair (ASSO) (1974)

Tha am Poileasaidh S & S a' mìneachadh:

- Mar a tha a' bhuidheann a' stèidheachadh agus a' gleidheadh àite-obrach fallain
- Siostam obrach sàbhailte
- Ceumannan gus sùil a chumail air slàinte luchd-obrach nuair a tha sin freagarrach
- Mu bhith toirt seachad trèanadh is fiosrachadh
- Dleastanasan nam Manaidsearan
- Dleastanasan an Oifigeir Chunnairt
- Dleastanasan manaidsearan nan roinnean
- Mar a nithear ath-sgrùdadh air a' phoileasaidh

Tha am poileasaidh cuideachd a' cur an cèill nan dleastanasan agus nan riaghailtean a dh'fheumas Fèisean a leantainn fo Achd SSO. Chithear seo ann an **Eàrr-ràdh 1**.

Tha am poileasaidh seo ri fhaotainn airson neach-cleachdaidh seirbheis sam bith, tron inntrigeadh do na seirbheisean; nuair a thòisicheas cuideigin ann an dreuchd; nuair a ghabhas Fèis ballrachd; agus air làrach-lìn Fèisean nan Gàidheal no bho phrìomh oifigearan.

Tha am poileasaidh seo na phàirt de Phoileasaidh Làimhseachaidh Cunnairt Fèisean nan Gàidheal, cuideachd fo a sgèith tha:

Cofhurtachd is Sàbhailteachd (Poileasaidh Choimpiutairean is DSE)

Poileasaidh Gnìomhachd nam Fèisean

Poileasaidh airson Cunnart bho Theine

Poileasaidh Dìon Chloinne

Poileasaidh Cunnairt do Ghnìomhachasan is Bhuidhnean

Poileasaidh Siubhail is Fònaichean Làimhe

## **Mìneachadh**

Chaidh am Poileasaidh Slàinte is Sàbhailteachd a sgrìobhadh a rèir riaghailtean Achd Slàinte is Sàbhailteachd aig Obair 1974, agus Riaghailtean airson Riaghladh Slàinte & Sàbhailteachd aig Obair (1992). Tha e a' mìneachadh mar a choileanas Fèisean nan Gàidheal (a' bhuidheann) an cuid dhleastanasan fon Achd. Cumaidh am Bòrd Stiùiridh sùil air èifeachd a' phoileasaidh seo gu cunbhalach agus nì iad atharraichean air mar dh'fheumar, mar eisimpleir nuair a dh'atharraicheas an lagh.

Tha an Achd a' cur uallach air gach fastaiche slàinte, sàbhailteachd is math-dhaoine san àite-obrach a chur air adhart agus fiosrachadh, trèanadh is stiùireadh iomchaidh a thoirt do luchd-obrach. Tha i cuideachd a' cur uallach air gach neach-obrach a bhith a' gabhail cùram reusanta mu an cuid slàinte is sàbhailteachd agus mar an ceudna cùram mu dhaoine eile air am faodadh iad fhèin buaidh a thoirt orra tro na nì iad.

Tha dleastanas aig a' bhuidhinn gus dèanamh cinnteach gu bheil gach neach a chleachdas na toglaichean aice agus a thèid an sàs sna tachartasan aice air an dìon bho chunnartan aithnichte a dh'fhaodadh a bhith ann tro obair na buidhne.

Coileanadh a' bhuidheann na dleastanasan reachdail aice, agus nì i cinnteach gun dèanar ath-sgrùdadh air cunnartan gu cunbhalach agus gu bheil modhan smachdachaidh ann, an lùib sin cumar Clàr Chunnartan na buidhne. Tha am Poileasaidh Làimhseachaidh Cunnairt a' dèanamh mìneachadh nas mionaidiche air iad sin mar phrìomh fhrèam na buidhne airson làimhseachadh cunnairt.

## **A' Sgaoileadh a' Phoileasaidh**

Tha am Poileasaidh Slàinte is Sàbhailteachd agus Poileasaidh Làimhseachaidh Cunnairt rim faotainn airson luchd-obrach, Fèisean a tha nam buill, luchd-maoineachaidh, seirbheisean sòisealta, cunradairean agus am mòr-shluagh.

Gheibh luchd-obrach cothrom air a' phoileasaidh tro na dòighean a leanas:

- Gheibh gach neach-obrach ùr lethbhreac den phoileasaidh nuair a thòisicheas iad air an roile-pàighidh
- Gheibhear lethbhreacan dealain air làrach-lìn na buidhne

Gheibh am mòr-shluagh cothrom air a' Phoileasaidh S & S:

- Air làrach-lìn na buidhne ([www.feisean.org](http://www.feisean.org))
- Le bhith cur fios chun na Prìomh Oifis
- Bho na Fèisean – na prìomh riochdairean aca

### Cunntas Poileasaidh

Tha am Bòrd a' gabhail ris na dleastanasan a th' aca fo Achd Slàinte is Sàbhailteachd aig Obair agus nì iad cinnteach, cho fad 's as urrainnear, à slàinte, sàbhailteachd agus math an luchd-obrach, agus à slàinte is sàbhailteachd dhaoine eile a bhios a' cleachdadh toghlaidhean na buidhne. Am measg dleastanasan na buidhne fon Achd tha:

- A' dèanamh cinnteach gu bheil manaidsèaran aig gach ìre a' coileanadh an dleastanasan slàinte is sàbhailteachd sna raointean a tha fo an stiùir.
- A' toirt taic is goireasan do mhanaidsèaran nuair as urrainnear gus an coilean iad an cuid dhleastanasan.
- A' stèidheachadh àite-obrach a tha fallain is sàbhailte a rèir: reachdais iomchaidh, còdan obrachaidh, stiùireadh chompanaidhean a rinn an uidheam/acfhainn msaa, no inbhean is eòlas sam bith eile.
- A' lìbhrigeadh agus a' gleidheadh acfhainn is uidheam shàbhailte aig obair.
- A' stèidheachadh agus a' gleidheadh dòighean-obrach airson siostaman obrach sàbhailte, agus a' toirt seachad uidheam-sàbhailteachd sam bith a tha a dhìth, a' gabhail a-steach aodach dìonach freagarrach.
- A' cur air dòigh ceumannan gus coimhead às dèidh slàinte an luchd-obrach tro bhith gam piobrachadh a bhith ag innse mu dhuilgheadasan agus a bhith sireadh cobhair meidigeach nuair a dh'fheumar.
- A' toirt seachad fiosrachadh is trèanadh iomchaidh do dhaoine aig gach ìre sa bhuidhinn, a' gabhail a-steach luchd-trèanaidh bho sgeamaichean trèanaidh òigridh, luchd-obrach bho bhuidhnean-fastaidh, cunnradairean agus buidhnean eile.
- A' dèanamh cinnteach gun tèid uidheam is stuthan a chleachdadh, a làimhseachadh agus a stòradh gu sàbhailte, agus gun tèid iad sin agus daoine a ghluasad gu sàbhailte.
- A' dèanamh cinnteach gu bheil slighean a-mach is a-steach san àite-obrach sàbhailte agus a' cur air dòigh planaichean èifeachdach gus teicheadh bhon togalach ann an cùis èiginn.

### A' Tomhas Cunnart gu h-Ionadail

Cuiridh gach oifis ionadail am prògram ionadail aca fhèin air dòigh airson a bhith a' tomhas agus a' làimhseachadh cunnart agus cuiridh iad air dòigh cuideachd na planaichean co-cheangailte, a mhìnicheas na dh'fheumar a dhèanamh gu h-ionadail gus dèiligeadh ri agus smachd a chumail air cunnart. Gheibh iad taic bhon Phrìomh Oifis le seo. Thèid na leasachaidhean seo am follais tro bhith a' comharrachadh chunnartan (rannsachaidhean, sgrùdaidhean, ag aithneachadh chunnartan agus a' tomhas cunnart), agus faodar an clàradh air a' Chlàr Chunnartan.

Faodar planaichean làimhseachaidh cunnart a dhealbh anns gach oifis ionadail.

Thèid innse don Oifigear Cunnart (an t-Oifigear Trèanaidh & Poileasaidh an-dràsta) mu mar a thathar a' làimhseachadh chunnartan agus mu phlanaichean sam bith a thig às an sin.

Bidh na buidhnean ionadail seo ag obair gu dlùth còmhla agus 's iadsan a bhios a' cur prìomhachas air cunnartan air feadh na buidhne agus na ballrachd, agus bidh e mar uallach orra cuideachd dèanamh cinnteach gum faigh Fèisean/oifisean taic no stòras mura h-eil iad comasach dèiligeadh ri prìomh chunnartan leis an stòras aca fhèin. Bidh làimhseachadh cunnart air clàr-ghnothaich na Buidhne Riaghlaidh gu cunbhalach.

### Dleastanasan nam Manaidsèaran

#### Dleastanasan

**Stiùiriche:** 'S ann air an Stiùiriche a tha an t-uallach deireannach airson slàinte is sàbhailteachd.

**Manaidsèar Cunnart:** Feumaidh an Stiùiriche oifigear gnìomhach ainmeachadh le uallach sònraichte airson slàinte is sàbhailteachd (Manaidsèar Cunnart); tha e an urra ris an oifigear seo cùisean co-cheangailte ri slàinte, sàbhailteachd is math-dhaoine a cho-òrdanachadh airson na buidhne.

**Buill a' Bhùird:** Bheir Buill a' Bhùird taic don Stiùiriche agus 's ann orrasan a bhios an làn-uallach airson cur an gnìomh Poileasaidhean Slàinte is Sàbhailteachd. Tha uallach air Buill a' Bhùird mar phàirt de na dleastanasan dreuchdail aca. Cuideachd, tha dleastanasan sònraichte aca co-cheangailte ri slàinte is sàbhailteachd.

**Àrd-mhanaidsearan (Manaidsear Leasachaidh is Manaidsear Gnìomha):** Tha cur an gnìomh a’ phoileasaidh, na ro-innleachd agus an stòrais an urra riutha agus feumaidh iad sùil a chumail air slàinte is sàbhailteachd san raointean smachdachaidh aca, agus feumaidh iad cùisean slàinte, sàbhailteachd is math-dhaoine a cho-òrdanachadh bho latha gu latha. Bu chòir àrd-mhanaidsearan coimhead às dèidh mar a thogar draghan tron Chlàr Chunnartan.

**Eòlaichean:** Tha e mar dhleastanas air manaidsearan is comhairlichean sònraichte comhairle is taic a thoirt do dhaoine taobh a-staigh an raoin-eòlais aca fhèin, agus gheibh iad cùmhnant nuair a tha feum orra.

**Gach neach-obrach:** Tha dleastanasan aig gach neach-obrach, neach saor-thoileach is cunradair fo 'Achd Slàinte is Sàbhailteachd aig Obair' 1974, agus bu chòir dhaibh dèanamh cinnteach gun tuig iad S & S nuair a gheibh iad oideachadh inntigridh.

### **Ga chur an gnìomh**

'S ann air an **Stiùiriche** a tha an làn-uallach airson làimhseachadh cunnairt agus gus dèanamh cinnteach gun cum an t-Urras ri reachdas is inbhean iomchaidh.

Tha an **Stiùiriche** cunntachail don Bhòrd Stiùiridh agus tha e mar dhleastanas air/oirre am Poileasaidh Slàinte is Sàbhailteachd a chur an gnìomh agus nì e/i cinnteach gun tèid molaidhean aontaichte leis a' Bhòrd a chur an gnìomh:

- A' dèanamh cinnteach gun coilean manaidsearan na dleastanasan slàinte & sàbhailteachd aca.
- A' gabhail ealla ris na h-aithisgean is molaidhean a gheibh e/i agus a' dèanamh cinnteach gun tèid an cur an sàs.
- A' cur dhuilgheadasan a thaobh slàinte is sàbhailteachd, air nach urrainn dha/dhi fhèin fuasgladh fhaighinn, air beulaibh a' Bhùird gus an rèiteachadh.

Às leth an Stiùiriche, tha **am Manaidsear Cunnairt** a' cumail sùil air agus a' co-òrdanachadh cur an gnìomh Achd Slàinte is Sàbhailteachd aig Obair 1974 agus riatanasan laghail eile, agus bheir iad comhairle air dè dh'fheumar a dhèanamh.

Tha e an urra ris a' **Mhanaidsear Chunnairt** coimhead às dèidh nan raointean a leanas às leth an Stiùiriche:

- A' toirt comhairle air cur an gnìomh poileasaidhean, modhan-obrach agus reachdas Slàinte is Sàbhailteachd.
- A' moladh phlanaichean airson gum bi luchd-obrach, ionmhas is stòrais gu leòr ann gus dèanamh cinnteach gum bi luchd-obrach is daoine eile, a dh'fhaodadh tighinn fo sgèith a' phoileasaidh, sàbhailte.
- A' co-òrdanachadh agus a' cumail sùil air ceumannan gus cunnart a làimhseachadh air feadh na buidhne.
- A' dèanamh cinnteach gun tèid dleastanasan – airson modhan iomchaidh a chur air dòigh gus dèiligeadh ri cunnart – a shònrachadh eadar luchd-obrach aig gach ìre, agus gun gabh iad riutha agus gun cuir iad an gnìomh iad.
- A' cruthachadh phrògraman gus piseach a thoirt air ìrean cunnairt.
- A' dèanamh cinnteach gu bheil trèanadh iomchaidh ann a fhreagras air feumalachdan an luchd-obrach agus gum faigh luchd-obrach aig gach ìre trèanadh iomchaidh a thaobh chunnartan.

Tha e an urra ri **Manaidsearan** innse mu chùisean co-cheangailte ri slàinte is sàbhailteachd agus cùisean slàinte is sàbhailteachd a chur air dòigh sna roinnean, aonadan agus raointean aca. Thèid innse mu dhuilgheadasan air nach eil fuasgladh don Stiùiriche tro na comataidhean iomchaidh. Tha e an urra ri Manaidsearan dèanamh cinnteach:

- Gu bheil na roinnean is raointean a tha fo an stiùir air an riochdachadh aig coinneamhan mu Shlàinte is Sàbhailteachd no nuair a thathar a' bruidhinn mu Shlàinte is Sàbhailteachd, agus gun tèid co-dhùnaidhean sam bith bho na coinneamhan sin, a bheireadh buaidh air an roinn aca, a chur an gnìomh.
- Gun dèanar sgrùdaidhean cunbhalach air cunnart sna raointean a tha fo an stiùir.
- Gun cumar mion-sgrùdaidhean/measaidhean gach sia mìosan no faisg air; gun toirear aithisgean is molaidhean don Bhuidhinn Riaghlaidh agus gun dèanar ath-sgrùdadh orra gu cunbhalach.
- Gun coilean gach manaidsear san t-sreath na dleastanasan aca a thaobh slàinte is sàbhailteachd, teine agus Smachd air Stuthan Cunnartach do Shlàinte (SSCS), gu sònraichte a thaobh sgrùdadh is lìbhrigeadh poileasaidhean is mhodhan-obrach agus atharraichean orra sin, agus a' dèanamh mheasaidhean cunnairt farsaing.
- Gun dèiligear ri iarrtasan bho luchd-obrach ùghdarraichte gus gnìomhan a chur an sàs a lughdaicheas cunnart às dèidh mion-sgrùdaidhean/sgrùdaidhean no measaidhean.
- Gun tèid ro-innleachdan a chruthachadh airson na h-ùine goirid, airson na meadhan-ùine, agus airson na h-ùine fada gus cunnart a lughdachadh a rèir builean nan rannsachaidhean gu h-àrd, agus a rèir comhairle bho eòlaichean.

- Gun tèid riochdairean ionadail (Fèisean is oifisean ionadail) gu trèanadh iomchaidh airson Slàinte & Sàbhailteachd agus Làimhseachadh Cunnairt.
- Gun leanar siostam na buidhne airson Aithrisean Tachartais, agus gun dèanar measadh air fiosrachadh a gheibhear bhon Mhanaidsear Chunnairt agus bho eòlaichean eile.

Tha e an urra riutha dèanamh cinnteach à slàinte is sàbhailteachd an luchd-obrach fo an stiùir agus nan àiteachan-obrach fo an stiùir. Bidh manaidsearan roinnean a' cumail fios ris an luchd-obrach aca mu chùisean co-cheangailte ri cunnart, agus tha na leanas gu sònraichte an urra riutha:

- A' deasachadh phoileasaidhean is modhan-obrach sàbhailteachd (Riaghailtean Ionadail) airson na roinne aca a rèir reachdais iomchaidh, Còdan Obrachaidh, stiùireadh chompanaidhean a rinn an uidheam/acfhainn msaa, no inbhean is eòlas sam bith eile.
- A' comharrachadh nithean san raon aca fhèin a dh'fhaodadh a bhith cunnartach agus a' dèanamh cinnteach gun dèiligear riutha. A' cur fios chun a' mhanaidseir os an cionn mu dhuilgheadasan air nach eil fuasgladh.
- Ag èisteachd ri beachdan an luchd-obrach air cùisean co-cheangailte ri slàinte is sàbhailteachd gu h-ionadail.
- A' dèanamh ceangal ri luchd-obrach le eòlas sònraichte, mar oifigearan smàlaidh.
- A' cumail mhion-sgrùdaidhean gu cunbhalach a thaobh chunnartan is sàbhailteachd san roinn. (Gach 3-6 mìosan no mar sin).
- Ag innse don mhanaidsear aca mu chùisean a dh'èirich ri linn aithrisean tachartais, fiosan mu chunnart, nithean co-cheangailte ri ciad-chobhair agus atharraichean do phoileasaidhean is do mhodhan-obrach na roinne.
- A' dèanamh cinnteach gu bheil trèanadh iomchaidh a thaobh cunnairt aig gach neach-obrach fo an stiùir.
- Ag innse do mhanaidsearan eile sa bhuidhinn mu dhuilgheadasan a dh'fhaodadh buaidh a thoirt air sàbhailteachd sna roinnean aca.
- A' deasachadh agus ag atharrachadh fiosrachadh a bharrachd co-cheangailte ris an roinn msaa ann an co-bhuinn ri eòlaichean freagarrach.
- A' sgaoileadh Fhiosan Cunnairt agus Chuairt-aithrisean air Gnìomhan Sàbhailteachd am measg luchd-obrach iomchaidh gus an lean iad iad, agus gun cum iad sùil air cùisean.
- A' dèanamh cinnteach gun coileanar agus gun cleachdar Poileasaidh Aithris an Urrais airson Tachartasan.
- A' dèanamh cinnteach gum bi fios aig luchd-obrach mu riaghailtean is mu reachdas a tha Roinn-ghnìomha Slàinte is Sàbhailteachd a' cur an cèill (RSS).

### **Dleastanasan nan Oifigearan Cunnairt**

Feumaidh cuideigin a bhith aig gach oifis/sgìre Fèis (m.e.: Tuath, Earra-Ghàidheal & Deas, Loch Abar, Na h-Eileanan Siar) a tha na Riaghladair Cunnairt – nuair a thig e gu sgìre Fèise, 's e Oifigear Leasachaidh na Fèise a bhios ann mar as trice.

Obraichidh an neach seo aig ìre ionadail gus:

- Cùisean slàinte is sàbhailteachd aig ìre ionadail/roinneil a cho-òrdanachadh às leth a' Mhanaidseir Chunnairt.
- Agus iad nan riochdairean ionadail airson gach cùis co-cheangailte ri làimhseachadh cunnairt, a' gabhail a-steach cùisean àrainneachd, teine, slàinte, sàbhailteachd agus tèarainteachd.
- Fiosrachadh bho àrd-mhanaidsearan a sgaoileadh aig ìre ionadail/san roinn (m.e. a' sgaoileadh agus a' co-òrdanachadh Fhiosan Cunnairt agus Chuairt-aithrisean air Gnìomhan Sàbhailteachd.)
- Fiosrachadh a dheasachadh agus a thoirt seachad aig coinneamhan Slàinte is Sàbhailteachd ionadail (m.e. aithrisean tachartais/mu uireasbhaidhean, fios mu mheasaidhean foirmeil msaa.)
- Dèanamh cinnteach gu bheil taic, goireasan, fiosrachadh, eòlas, sgilean, trèanadh agus stiùireadh freagarrach aig riaghladairean ionadail gus an urrainn dhaibh na dleastanasan aca a choileanadh mar oifigear ainmichte na roinne aca.

### **Obair An Riaghladair Ionadail (S&S)**

Feumaidh gach Fèis no roinn neach-obrach no neach saor-thoileach ionadail a thaghadh mar Riaghladair Ionadail (S&S) gus:

- Am bi neach ann ceangailte ri gach cùis co-cheangailte ri làimhseachadh cunnairt, m.e. cùisean àrainneachd, teine, slàinte, sàbhailteachd agus tèarainteachd
- Na dleastanasan seo a ghabhail os làimh:
  - (a) Manaidsear le Uallach – Teine
  - (b) Oifigear Sàbhailteachd Ionadail
  - (c) Co-òrdanaiche Tèarainteachd às leth an Àrd-mhanaidseir/Oifigeir Chunnairt

- Trèanadh mothachaidh mu chùisean co-cheangailte ri cunnart a chur air dòigh airson gach neach-obrach/neach saor-thoileach aig an roinn/Fèis nuair a gheibh iad oideachadh inntrigidh
- Am fiosrachadh/stiùireadh co-cheangailte ri cunnart a chur an sàs a gheibh iad san roinn aca bhon Riaghladair Cunnairt
- Dearbhadh gun deach an earrann mu dheireadh a chur an gnìomh agus gus innse mu gach nì a tha ceàrr air uidheaman tro Phoileasaidh Tachartais na buidhne, a nì cinnteach gu bheil fios aig an luchd-obrach iomchaidh mu chunnartan a dh'fhaodadh a bhith ann
- Dèanamh cinnteach gu bheilear a' cur an gnìomh poileasaidh na buidhne airson aithrisean tachartais gu ceart air feadh na roinne/Fèise daonnan
- Mion-sgrùdaidhean ionadail a chur air dòigh agus a dhèanamh (còmhla ri daoine eile) air toglaichean agus gus aithrisean/molaidhean sgrìobhte a thoirt do mhanaidsearan/riaghladairean cunnairt
- Measaidhean cunnairt tòiseachaidh is mionaideach a dhèanamh (a rèir poileasaidh na buidhne) air obair na roinne/Fèise mar as iomchaidh.

## **INBHEAN LÀIMHSEACHADH CUNNAIRT**

### **Achd Slàinte is Sàbhailteachd aig Obair 1974**

### **Poileasaidh Dìon Chloinne (Fèisean nan Gàidheal) 2009**

### **Poileasaidhean co-cheangailte ri Slàinte & Sàbhailteachd deilbhte le Fèisean nan Gàidheal**

An lùib a' phròiseis airson ath-sgrùdaidhean air inbhean làimhseachadh cunnairt tha:

- Fèin-mheasadh air inbhean làimhseachadh cunnairt ann am bun-obair is obair leasachaidh
- Measadh foirmeil a rèir inbhean làimhseachadh cunnairt sam bith a dh'fhaodar gabhail os làimh, m.e. ILC (Institiud airson Làimhseachadh Cunnairt), no feadhainn a thig tron lagh
- 'S dòcha gun dèan an Roinn-ghnìomha Slàinte is Sàbhailteachd (RSS) mion-sgrùdadh air a' bhuidhinn

## **Dleastanasan na Buidhne Riaghlaidh a thaobh Slàinte is Sàbhailteachd**

Tha am Bòrd ag iarraidh, tro choluadair, gum bi gach neach-obrach a' cuideachadh agus a' dol an sàs ann an cùisean slàinte is sàbhailteachd. Mar bhuidheann bheag, tha slàinte is sàbhailteachd an urra ri gach neach-obrach is neach saor-thoileach, agus tha obair na Comataidh Slàinte is Sàbhailteachd fo stiùir na Buidhne Riaghlaidh. Tha a' Bhuidheann Riaghlaidh, le Dleastanasan na Comataidh Slàinte is Sàbhailteachd, ag iarraidh co-obrachadh eadar manaidsearan is luchd-obrach a bhrosnachadh ann a bhith a' cur air adhart, a' cruthachadh agus a' cur an gnìomh ceumannan gus dèanamh cinnteach à slàinte is sàbhailteachd gach neach nan obair. Agus bidh iad mar fòcas airson luchd-obrach gus an tèid iad an sàs ann a bhith cur stad air tubaistean agus tinneasan gnìomhachais. Bidh a' bhuidheann a' beachdachadh air cùisean slàinte is sàbhailteachd san fharsaingeachd, agus bidh iad a' toirt comhairle don Stiùiriche air prìomhachasan airson planadh, trèanadh agus mar a làimhsicheas manaidsearan cùisean. Bidh a' Chomataidh cuideachd a' toirt aithrisean ràitheil don Bhòrd.

## **Luchd-Obrach an sàs ann an Slàinte is Sàbhailteachd**

Tha dleastanas laghail aig gach neach-obrach a bhith a' gabhail cùram reusanta mu an cuid slàinte is sàbhailteachd agus mar an ceudna cùram mu dhaoine eile air am faodadh iad fhèin buaidh a thoirt tro na nì iad.

Tha e na amas do dh'Fhèisean nan Gàidheal gun tuig gach neach-obrach is neach saor-thoileach nan dleastanasan slàinte is sàbhailteachd aca, agus tha sinn a' toirt seachad an fhiosrachaidh seo mar stèidh airson an tuigse sin.

Tha trèanadh sònraichte mu chùisean sàbhailteachd ri fhaotainn airson luchd-obrach a dh'fheumas eòlas nas mionaidiche air slàinte is sàbhailteachd san obair aca.

## **Stòrais airson Slàinte is Sàbhailteachd**

Chan eil a h-uile àrainneachd obrach ann an toglaichean fo stiùir na buidhne cho freagarrach agus a b' urrainn dhaibh a bhith. Sna toglaichean fo stiùir Fèisean nan Gàidheal tha làraichean sa bhaile agus air an dùthaich – sean agus ùr, agus taghadh farsaing dhiubh, bho thoglaichean iomlan (me Taigh a' Mhill) gu aon seòmar (An Seann Ostail, An Tairbeart), agus iad air mhàl bho shealbhadairean prìobhaideach is poblach. Uaireannan, faodaidh luchd-obrach obair bhon taigh aca fhèin cuideachd, no faodaidh iad obair aig deasg ann an tè de na h-oifisean nas motha airson ùine shealach. Tha feum nach beag air airgead a chosg air gleidheadh thoglaichean, agus buidseatan eile ag iarraidh an airgid sin cuideachd, gus

stùiridhean laghail a choileanadh. Tha am Bòrd Stùiridh an dùil, far nach lorgar airgead a bharrachd airson ùrachaidhean calpa no obair ghleidhidh, gun cuir manaidsèaran siostam obrach sàbhailte air dòigh le cuideachadh bhon luchd-obrach, a lughdaicheas cunnart sam bith do dhaoine.

Tha e na amas fhathast do dh'Fhèisean nan Gàidheal leasachadh a thoirt air àrainneachd nan toglaichean aca a rèir comhairle bhon Roinn-ghnìomha Slàinte is Sàbhailteachd. Mar sin, tha a' bhuidheann air prìomhachas a thoirt do phrògraman obrach a bheir piseach air slàinte is sàbhailteachd, agus a lughdaicheas cunnart. Cuidichidh am pròiseas measadh cunnairt gus prìomhachasan a stèidheachadh.

### **Ag Aithris mu Thachartas**

Bu chòir innse mu thachairt susbainteach sam bith co-cheangailte ri slàinte is sàbhailteachd don Oifigear Chunnairt le bhith a' lìonadh an fhoirm a gheibhear ann an **Eàrr-ràdh 3** den phoileasaidh seo. Tha an RSS ag iarraidh gun innis daoine dhaibhsan cuideachd mu chuid a thachartasan fo reachdas RALTTTC (Riaghailtean airson Aithris mu Leòn, Tinneasan agus Tachartasan Cunnartach 1995). Am measg nan tachartasan seo tha:

- bàs
- fìor dhroch leòn
- leòn nas fhaide na trì latha (nuair a tha neach-obrach no neach fèin-fhastach air falbh bhon obair aca no gun chomas an obair àbhaisteach aca a dhèanamh nas fhaide na trì latha sreath ri chèile)
- ball den phoball no daoine nach eil aig an obair air an leòn agus iad air an toirt bho làrach na tubaiste chun an ospadail
- cuid a thinneasan aig a bheil ceangal ri obair
- cuid a thachartasan cunnartach – nuair a theab tubaist a bhith ann a dh'fhaodadh air cuideigin a leòn, ach far nach deach an leòn
- Cuideachd, feumaidh luchd-obrach gas clàraichte le Corgi innse mu acfhainn gas chunnartach a lorgas iad agus feumaidh luchd-tarraing/solair gas innse mu chuid a thachartasan le gas lasanta

Feumar innse mu bhàs, fìor dhroch leòn no tachartasan cunnartach sa bhad, agus feumar innse don RSS mu na leanas, fiù 's taobh a-muigh uairean obrach àbhaisteach:

- Tubaistean bàsmhor aig obair
- Tubaistean far an deach grunn luchd-obrach a dhroch leòn
- Tubaistean far an deach ball den phoball a dhroch leòn
- Tubaistean is tachartasan a dh'adhbharaicheas troimh-chèile mhòr, mar eisimpleir: feumaidh daoine togalach/làrach fhàgail, rathaidean a dhùnadh, tòrr dhaoine a chur don ospadal msaa.
- Feumar innse mu leòn nas fhaide na trì latha taobh a-staigh 10 latha
- Tùs: RSS

Gheibhear foirmichean RALTTTC air-loidhne aig <http://www.hse.gov.uk/riddor/report.htm> no faodaidh sibh innse mu chùis èiginn le bhith a' fònadh 0845 300 9923.

### **Ath-Sgrùdadh**

Nithear ath-sgrùdadh air a' phoileasaidh seo:

- gach bliadhna
- nuair a dh'atharraicheas cùisean gu mòr
- nuair a thèid aithris mu thachartas a thig fo riaghailtean a' phoileasaidh seo
- no ma dh'atharraicheas reachdas S&S

Eàrr-ràdhan

- 1 A' Tomhas Cunnart ann an Àrainneachd na h-Oifise
- 2 Measadh Cunnairt DSE (Sgrìonaichean Taisbeanadh)
- 3 Aithris Tachartais



**Eàrr-ràdh 1 (airson a’ Phoileasaidh Slàinte is Sàbhailteachd)  
Fèisean nan Gàidheal  
A’ Tomhas Cunnart ann an Àrainneachd na h-Oifise**

Ceann-latha: (1)  03/06/09	Air a thomhas le: (2)  Iona NicDhòmhnaill	Cinnteach Às / Dearbhte* le: (3)  Cuiribh Ainm	Àite: (4)  Faicibh 7	Àireamh a’ Mheasaidh (5)  FnG01	Deit an Ath- sgrùdaidh: (6)  <i>Gearran 2010</i> no nas luaithe ma dh’atharraicheas cùisean gu mòr
Gnìomh / togalach: (7) Taigh a’ Mhill, Port Rìgh; 111 Sràid na h-Acadamaidh, Inbhir Nis; An Seann Ostail, An Tairbeart; An Seann Ostail, An Gearasdan; oifisean san dachaigh					
Measadh Cunnairt air gnìomhachd co-cheangailte ri obair ann an àrainneachd na h-oifise – Obair choitcheann na h-oifise					
Gnìomh (8)	Cunnart (9)	Cò dh’fhaodadh a bhith air an leòn agus ciamar (10)	Ceumannan a th’ ann mu thràth gus cunnart a smachdachadh (11)	Ìre Cunnairt (12)	Buil (13)
Obair ann an àrainneachd oifise	sleamhnachadh, tuisleachadh	Luchd-obrach, luchd-tadhail, luchd-glanaidh – dh’fhaodadh iad ball bodhaig a sgochadh no cnàimh a bhristeadh ma thuiteas iad	Inbhean iomchaidh a thaobh glanadh/sgiohlachadh. Càbaill suidhichte gu sgiobalta air falbh bho shlighean coiseachd. Fios gu manaidsèaran sa bhad mu mhilleadh don làr, obair chàraidh/ghleidhidh eile a tha a dhìth. Làir sgiobalta gun nithean orra air nach eil feum mar phàipearan, bhagaichean. Dràthraichean is dorsan dùinte nuair nach eilear gan cleachdadh. Solais iomchaidh ann. Lìonn a chaidh a dhòrtadh air a ghlanadh. Rabhaidhean cunnairt mar as iomchaidh.	Beag	F

*Buil: G = Glè bheag, F = Fo smachd iomchaidh, Gu = Gun smachd iomchaidh, feumar dèiligeadh ris, Ch = Chan eil fhios dè an cunnart*

*Foirm Measadh Cunnairt Fèisean nan Gàidheal airson Cunnart a Thomhas san Oifis agus nòtaichean stiùiridh – Bu chòir am foirm seo a chleachdadh còmhla ris an stiùireadh fhreagarrach agus Poileasaidh Slàinte is Sàbhailteachd FnG, agus bu chòir a lìonadh airson gach àrainneachd oifise agus gach oifis dachaigh.*

Ceann-latha: (1)  03/06/09	Air a thomhas le: (2)  Iona NicDhòmhnaill	Cinnteach Às / Dearbhte* le: (3)  Cuiribh Ainm	Àite: (4)  Faicibh 7	Àireamh a' Mheasaidh (5)  FnG01	Deit an Ath- sgrùdaidh: (6)  <i>Gearran 2010</i> no nas luaithe ma dh'atharraicheas cùisean gu mòr
Gnìomh / togalach: (7) Taigh a' Mhill, Port Rìgh; 111 Sràid na h-Acadamaidh, Inbhir Nis; An Seann Ostail, An Tairbeart; An Seann Ostail, An Gearasdan; oifisean san dachaigh					
Measadh Cunnairt air gnìomhachd co-cheangailte ri obair ann an àrainneachd na h-oifise – Obair choitcheann na h-oifise					
Gnìomh (8)	Cunnart (9)	Cò dh'fhaodadh a bhith air an leòn agus ciamar (10)	Ceumannan a th' ann mu thràth gus cunnart a smachdachadh (11)	Ìre Cunnairt (12)	Buil (13)
	Làimhseachadh – giùlan, togail, tarraing, putadh, luchdan troma me, àirneis, coimpiutairean, pàipearachd	Luchd-obrach – dh'fhaodadh e pian adhbharachadh nan druim/amhaich ma ghiùlaineas iad nithean trom san dòigh cheàrr	Trèanadh do luchd-obrach mu mar a làimhsicheas iad nithean. Cuiridh luchd-obrach gun trèanadh fios gu manaidsèaran gus an cuir iad air dòigh gun tèid na nithean a ghluasad le cuideigin eile. A' cleachdadh troilidh gus bogsaichean de phàipear a ghluasad, msaa. Cleachdar sgeilpichean àrda airson nithean aotrom a-mhàin a chumail.	Beag	F

*Buil: G = Glè bheag, F = Fo smachd iomchaidh, Gu = Gun smachd iomchaidh, feumar dèiligeadh ris, Ch = Chan eil fhios dè an cunnart*

*Foirm Measadh Cunnairt Fèisean nan Gàidheal airson Cunnart a Thomhas san Oifis agus nòtaichean stiùiridh – Bu chòir am foirm seo a chleachdadh còmhla ris an stiùireadh fhreagarrach agus Poileasaidh Slàinte is Sàbhailteachd FnG, agus bu chòir a lìonadh airson gach àrainneachd oifise agus gach oifis dachaigh.*

Ceann-latha: (1)  03/06/09	Air a thomhas le: (2)  Iona NicDhòmhnaill	Cinnteach Às / Dearbhte* le: (3)  Cuiribh Ainm	Àite: (4)  Faicibh 7	Àireamh a' Mheasaidh (5)  FnG01	Deit an Ath- sgrùdaidh: (6)  <i>Gearran 2010</i> no nas luaithe ma dh'atharraicheas cùisean gu mòr
Gnìomh / togalach: (7) Taigh a' Mhill, Port Rìgh; 111 Sràid na h-Acadamaidh, Inbhir Nis; An Seann Ostail, An Tairbeart; An Seann Ostail, An Gearasdan; oifisean san dachaigh					
Measadh Cunnairt air gnìomhachd co-cheangailte ri obair ann an àrainneachd na h-oifise – Obair choitcheann na h-oifise					
Gnìomh (8)	Cunnart (9)	Cò dh'fhaodadh a bhith air an leòn agus ciamar (10)	Ceumannan a th' ann mu thràth gus cunnart a smachdachadh (11)	Ìre Cunnairt (12)	Buil (13)
	A' cleachdadh coimpiutair gu cunbhalach	Luchd-obrach – dh'fhaodadh seo duilgheadasan meidigeach sa ghàirdein adhbharachadh (a bhuineas ri obair is ath-obair) no ma tha droch sholas /sgrion neo-shoilleir ann, dh'fhaodadh iad fulang le sùilean goirt/ceann goirt	Fèin-mheasadh DSE air an stans-obrach coimpiutaireachd air a chumail taobh a-staigh 4 seachdainean bho thòisich iad san obair agus na builean air an cur chun a' mhanaidseir aca. Ri linn thrioblaidean a chaidh a chomharrachadh san fhèin-mheasadh, thèid làn-mheasadh a dhèanamh agus bidh na builean air an toirt don Mhanaidsear aca a nì cinnteach gun tèid cùisean a leasachadh. Thèid luchd-obrach fhasdadh airson làn-mheasaidhean DSE a dhèanamh mar a dh'fheumar. Clàr-ama obrach ann gus am bi luchd-obrach a' faighinn greisean air falbh bhon sgrion aca gu cunbhalach. Trèanadh ann airson bathar-bog ùr nuair a dh'fheumar.	Beag	F

*Buil: G = Glè bheag, F = Fo smachd iomchaidh, Gu = Gun smachd iomchaidh, feumar dèiligeadh ris, Ch = Chan eil fhios dè an cunnart*

*Foirm Measadh Cunnairt Fèisean nan Gàidheal airson Cunnart a Thomhas san Oifis agus nòtaichean stiùiridh – Bu chòir am foirm seo a chleachdadh còmhla ris an stiùireadh fhreagarrach agus Poileasaidh Slàinte is Sàbhailteachd FnG, agus bu chòir a lìonadh airson gach àrainneachd oifise agus gach oifis dachaigh.*

Ceann-latha: (1)  03/06/09	Air a thomhas le: (2)  Iona NicDhòmhnaill	Cinnteach Às / Dearbhte* le: (3)  Cuiribh Ainm	Àite: (4)  Faicibh 7	Àireamh a' Mheasaidh (5)  FnG01	Deit an Ath- sgrùdaidh: (6)  <i>Gearran 2010</i> no nas luaithe ma dh'atharraicheas cùisean gu mòr
Gnìomh / togalach: (7) Taigh a' Mhill, Port Rìgh; 111 Sràid na h-Acadamaidh, Inbhir Nis; An Seann Ostail, An Tairbeart; An Seann Ostail, An Gearasdan; oifisean san dachaigh					
Measadh Cunnairt air gnìomhachd co-cheangailte ri obair ann an àrainneachd na h-oifise – Obair choitcheann na h-oifise					
Gnìomh (8)	Cunnart (9)	Cò dh'fhaodadh a bhith air an leòn agus ciamar (10)	Ceumannan a th' ann mu thràth gus cunnart a smachdachadh (11)	Ìre Cunnairt (12)	Buil (13)
	Dealain, me coimpiutair, clò-bhualadair, lampa, gaotharan, teasadair, coire, lethbhreacadair, stialladair, càbaill-dealain leudachaidh	Luchd-obrach is daoine eile – dh'fhaodadh iad a bhith air an losgadh no air an goirteachadh ma tha dad ceàrr air an uidheim	Uidheam oifise ga cleachdadh a rèir stiùireadh a' chompanaidh a rinn i agus am manaidsear aca a' trèanadh luchd-obrach mar a chleachdas iad i. Deuchainnean cunbhalach air càbaill is uidheaman a rèir an fhoillseachaidh RSS: A' Cumail Suas Uidheaman Dealain So-ghiùlain an Oifisean is Àrainneachdan eile gun mhòran cunnairt, (04/04). Innis mu phlugaichean, càbaill, uidheam msaa air a bheil rudeigin ceàrr don mhanaidsear gus an tèid an càradh/feadhainn ùra a cheannach. Socaidean dealain gu leòr ann gus nach bi feum air an leithid chàbaill/bogsaichean iom-shocaid. Iarraibh air luchd-obrach gun a bhith a' toirt na h-uidheim dealain aca fhèin a-staigh oir chan urrainnear a gleidheadh ceart. Coire/teasadair-uisge air a chur ann an àite far nach tèid dòrtadh uisge sam bith faisg air uidheaman dealain no bun-dealain. Linn a chaidh a dhòrtadh air a ghlanadh anns a' bhad. Kettle/water heater positioned so water spills cannot contact electricity supply or equipment. Liquid spills mopped up immediately.	Beag	F

*Buil: G = Glè bheag, F = Fo smachd iomchaidh, Gu = Gun smachd iomchaidh, feumar dèiligeadh ris, Ch = Chan eil fhios dè an cunnart*

*Foirm Measadh Cunnairt Fèisean nan Gàidheal airson Cunnart a Thomhas san Oifis agus nòtaichean stiùiridh – Bu chòir am foirm seo a chleachdadh còmhla ris an stiùireadh fhreagarrach agus Poileasaidh Slàinte is Sàbhailteachd FnG, agus bu chòir a lìonadh airson gach àrainneachd oifise agus gach oifis dachaigh.*

Ceann-latha: (1)  03/06/09	Air a thomhas le: (2)  Iona NicDhòmhnaill	Cinnteach Às / Dearbhte* le: (3)  Cuiribh Ainm	Àite: (4)  Faicibh 7	Àireamh a' Mheasaidh (5)  FnG01	Deit an Ath- sgrùdaidh: (6)  <i>Gearran 2010</i> no nas luaithe ma dh'atharraicheas cùisean gu mòr
Gnìomh / togalach: (7) Taigh a' Mhill, Port Rìgh; 111 Sràid na h-Acadamaidh, Inbhir Nis; An Seann Ostail, An Tairbeart; An Seann Ostail, An Gearasdan; oifisean san dachaigh					
Measadh Cunnairt air gnìomhachd co-cheangailte ri obair ann an àrainneachd na h-oifise – Obair choitcheann na h-oifise					
Gnìomh (8)	Cunnart (9)	Cò dh'fhaodadh a bhith air an leòn agus ciamar (10)	Ceumannan a th' ann mu thràth gus cunnart a smachdachadh (11)	Ìre Cunnairt (12)	Buil (13)
	Teine	Luchd-obrach is daoine eile a chleachdas an togalach – dh'fhaodadh iad ceò a ghabhail air an anail no a bhith air an losgadh ma tha iad glacte san oifis	San inntrigeadh aca ionnsaichidh luchd-obrach mu mar a dh'fhàgas iad an togalach ma tha teine ann agus mar a bheir iad rabhadh do dhaoine. Bidh deuchainn teine ann gach bliadhna far am bi aig daoine ris an togalach fhàgail mar gun robh teine ann. Slighean a-mach teine gun chnap-starra. Thèid sgudal lasanta a chur a-mach gu cunbhalach. Teasadairean suidhichte air falbh bho stuthan lasanta agus bidh iad dheth nuair nach eil duine san oifis. Poileasaidh Sàbhailteachd Teine ann airson gach togalach.	Meadhanach Mòr	F

*Buil: G = Glè bheag, F = Fo smachd iomchaidh, Gu = Gun smachd iomchaidh, feumar dèiligeadh ris, Ch = Chan eil fhios dè an cunnart*

*Foirm Measadh Cunnairt Fèisean nan Gàidheal airson Cunnart a Thomhas san Oifis agus nòtaichean stiùiridh – Bu chòir am foirm seo a chleachdadh còmhla ris an stiùireadh fhreagarrach agus Poileasaidh Slàinte is Sàbhailteachd FnG, agus bu chòir a lìonadh airson gach àrainneachd oifise agus gach oifis dachaigh.*

Ceann-latha: (1)  03/06/09	Air a thomhas le: (2)  Iona NicDhòmhnaill	Cinnteach Às / Dearbhte* le: (3)  Cuiribh Ainm	Àite: (4)  Faicibh 7	Àireamh a' Mheasaidh (5)  FnG01	Deit an Ath- sgrùdaidh: (6)  <i>Gearran 2010</i> no nas luaithe ma dh'atharraicheas cùisean gu mòr
Gnìomh / togalach: (7) Taigh a' Mhill, Port Rìgh; 111 Sràid na h-Acadamaidh, Inbhir Nis; An Seann Ostail, An Tairbeart; An Seann Ostail, An Gearasdan; oifisean san dachaigh					
Measadh Cunnairt air gnìomhachd co-cheangailte ri obair ann an àrainneachd na h-oifise – Obair choitcheann na h-oifise					
Gnìomh (8)	Cunnart (9)	Cò dh'fhaodadh a bhith air an leòn agus ciamar (10)	Ceumannan a th' ann mu thràth gus cunnart a smachdachadh (11)	Ìre Cunnairt (12)	Buil (13)
	Luchd-obrach nan Aonar	Luchd-obrach – mura h-eil fios aig daoine gu bheil iad san togalach ma tha cùis èiginn no cunnart don tèarainteachd phearsanta ann. Tubaist/trioblaid nuair a tha iad a' dràibheadh/ag obair leotha fhèin no san dachaigh.	Rim faotainn air a' fòn an-còmhnaidh. Ann an oifis bheag bidh fios aig daoine far a bheil a h-uile neach-obrach. Siostam a tha ag innse cò tha san oifis (Bòrd Fiosrachaidh: A-mach/A-steach). Fios air a sgaoileadh le daoine gach seachdain ag innse càite am bi iad (siubhal). Fios aig luchd-obrach nach fhaigh daoine gun chead a-steach don togalach taobh a-muigh uairean na h-oifise. Measadh cunnairt a thaobh Dràibheadh airson Obair, do luchd-obrach a chleachdas na càraichean aca airson obair. Ag iarraidh air luchd-obrach san dachaigh cleachdaidhean obrach sàbhailte a leantainn, agus gus an cuir iad fios gu cuideigin a tha càirdeach dhaibh mu cuin a tha iad an dùil a bhith dhachaigh ma tha iad ag obair air falbh bhon taigh.	Beag	F
	Neach na h-Iuchrach Rabhadh Tèarainteachd	Faodaidh neach na h-iuchrach a bhith a' dol a-steach don togalach nuair a tha eucoir ga dhèanamh	Cha bu chòir neach na h-iuchrach a dhol a-steach don togalach nuair a tha gairm-rabhadh ann gun taic bhon phoileas. Tha dòigh-obrach shònraichte ann airson gach làrach fa leth.	Meadhanach Mòr	F

*Buil: G = Glè bheag, F = Fo smachd iomchaidh, Gu = Gun smachd iomchaidh, feumar dèiligeadh ris, Ch = Chan eil fhios dè an cunnart*

*Foirm Measadh Cunnairt Fèisean nan Gàidheal airson Cunnart a Thomhas san Oifis agus nòtaichean stiùiridh – Bu chòir am foirm seo a chleachdadh còmhla ris an stiùireadh fhreagarrach agus Poileasaidh Slàinte is Sàbhailteachd FnG, agus bu chòir a lìonadh airson gach àrainneachd oifise agus gach oifis dachaigh.*

Ceann-latha: (1)  03/06/09	Air a thomhas le: (2)  Iona NicDhòmhnaill	Cinnteach Às / Dearbhte* le: (3)  Cuiribh Ainm	Àite: (4)  Faicibh 7	Àireamh a' Mheasaidh (5)  FnG01	Deit an Ath- sgrùdaidh: (6)  <i>Gearran 2010</i> no nas luaithe ma dh'atharraicheas cùisean gu mòr
Gnìomh / togalach: (7) Taigh a' Mhill, Port Rìgh; 111 Sràid na h-Acadamaidh, Inbhir Nis; An Seann Ostail, An Tairbeart; An Seann Ostail, An Gearasdan; oifisean san dachaigh					
Measadh Cunnairt air gnìomhachd co-cheangailte ri obair ann an àrainneachd na h-oifise – Obair choitcheann na h-oifise					
Gnìomh (8)	Cunnart (9)	Cò dh'fhaodadh a bhith air an leòn agus ciamar (10)	Ceumannan a th' ann mu thràth gus cunnart a smachdachadh (11)	Ìre Cunnairt (12)	Buil (13)
	A' tuiteam bho àirde	Luchd-obrach – a' faighinn nithean air an stòradh gu h-àrd	Bidh àradh beag/stòl-sreap anns gach oifis. Nithear deuchainn air an uidheim gach bliadhna agus bheirear an neach fhèin sùil oirre mus chleachd iad i. Trèanadh do luchd-obrach air mar a chleachdas iad àradh beag/stòl-sreap gu sàbhailte.	Beag	F
	Uallach-inntinn	Luchd-obrach – air sgàth uallach obrach, dìth smachd air an obair, dìth taic bho cho-obraichean, gun fhios dè na dleastanasan aca, droch chàirdeis, atharraichean air an droch làimhseachadh.	Poileasaidh airson Uallach-inntinn. Thèid bruidhinn mu phlanaichean obrach & amasan agus thèid an aontachadh aig Measaidhean Leasachaidh Pearsanta gach bliadhna no nas trice ma dh'fheumar.	Beag	F

*Buil: G = Glè bheag, F = Fo smachd iomchaidh, Gu = Gun smachd iomchaidh, feumar dèiligeadh ris, Ch = Chan eil fhios dè an cunnart*

*Foirm Measadh Cunnairt Fèisean nan Gàidheal airson Cunnart a Thomhas san Oifis agus nòtaichean stiùiridh – Bu chòir am foirm seo a chleachdadh còmhla ris an stiùireadh fhreagarrach agus Poileasaidh Slàinte is Sàbhailteachd FnG, agus bu chòir a lìonadh airson gach àrainneachd oifise agus gach oifis dachaigh.*

Ceann-latha: (1)  03/06/09	Air a thomhas le: (2)  Iona NicDhòmhnaill	Cinnteach Às / Dearbhte* le: (3)  Cuiribh Ainm	Àite: (4)  Faicibh 7	Àireamh a' Mheasaidh (5)  FnG01	Deit an Ath- sgrùdaidh: (6)  <i>Gearran 2010</i> no nas luaithe ma dh'atharraicheas cùisean gu mòr
Gnìomh / togalach: (7) Taigh a' Mhill, Port Rìgh; 111 Sràid na h-Acadamaidh, Inbhir Nis; An Seann Ostail, An Tairbeart; An Seann Ostail, An Gearasdan; oifisean san dachaigh					
Measadh Cunnairt air gnìomhachd co-cheangailte ri obair ann an àrainneachd na h-oifise – Obair choitcheann na h-oifise					
Gnìomh (8)	Cunnart (9)	Cò dh'fhaodadh a bhith air an leòn agus ciamar (10)	Ceumannan a th' ann mu thràth gus cunnart a smachdachadh (11)	Ìre Cunnairt (12)	Buil (13)
	Cunnartan àrainneachd	Luchd-obrach – faodaidh iad a bhith ro fhuar/theth no a bhith mì-chofhurtail ann an dòigh eile.	Thathar a' feuchainn ri teòthachd iomchaidh a chumail ri toglaidhean le bhith gan teasachadh/fionnarachadh nuair a dh'fheumar (a' cleachdadh teasadairean/gaotharain). Tha èadhraigeadh freagarrach sna h-oifisean.	Beag	F
	a) cofhurtachd a thaobh teòthachd				
	b) rùm	Luchd-obrach is daoine eile – a' bualadh ann an àirneis mura h-eil rùm gu leòr ann.	Rùm gu leòr ann gus an urrainn do dhaoine gluasad timcheall na h-oifise nan obair. Bheirear sùil às ùr air an rùm a tha dhìth air daoine nuair a gheibhear tuilleadh àirneis.	Beag	F
	c) solais	Luchd-obrach is daoine eile – faodaidh an sùilean a bhith goirt mura h-eil solas gu leòr ann no ma tha e neo-iomchaidh.	Solas gu leòr san t-seòmar agus airson na h-obrach, agus gun cus deàrrsadh. Sgàilean-uinneig ann nuair a dh'fheumar gus am bi an ìre solais freagarrach. Solais a bharrachd ann (me lampaichean) ma dh'fheumas daoine obair mhionaideach a dhèanamh. Furasta ruighinn air suidsichean solais.	Beag	F

*Buil: G = Glè bheag, F = Fo smachd iomchaidh, Gu = Gun smachd iomchaidh, feumar dèiligeadh ris, Ch = Chan eil fhios dè an cunnart*

*Foirm Measadh Cunnairt Fèisean nan Gàidheal airson Cunnart a Thomhas san Oifis agus nòtaichean stiùiridh – Bu chòir am foirm seo a chleachdadh còmhla ris an stiùireadh fhreagarrach agus Poileasaidh Slàinte is Sàbhailteachd FnG, agus bu chòir a lìonadh airson gach àrainneachd oifise agus gach oifis dachaigh.*



Ceann-latha: (1)  03/06/09	Air a thomhas le: (2)  Iona NicDhòmhnaill	Cinnteach Às / Dearbhte* le: (3)  Cuiribh Ainm	Àite: (4)  Faicibh 7	Àireamh a' Mheasaidh (5)  FnG01	Deit an Ath- sgrùdaidh: (6)  <i>Gearran 2010</i> no nas luaithe ma dh'atharraicheas cùisean gu mòr
Gnìomh / togalach: (7) Taigh a' Mhill, Port Rìgh; 111 Sràid na h-Acadamaidh, Inbhir Nis; An Seann Ostail, An Tairbeart; An Seann Ostail, An Gearasdan; oifisean san dachaigh					
Measadh Cunnairt air gnìomhachd co-cheangailte ri obair ann an àrainneachd na h-oifise – Obair choitcheann na h-oifise					
Gnìomh (8)	Cunnart (9)	Cò dh'fhaodadh a bhith air an leòn agus ciamar (10)	Ceumannan a th' ann mu thràth gus cunnart a smachdachadh (11)	Ìre Cunnairt (12)	Buil (13)
	Slàinteachas & Math-dhaoine	Faodaidh luchd-obrach & daoine eile a bhith mì-chofhurtail.	Uisge teth/fuar, siabainn, searbhadairean sna taighean-beaga, agus thèid innse don mhanaidsear mu uireasbhaidhean sam bith. Àite airson deochan a dhèanamh le uisge agus goireasan eile a thèid a ghlanadh gach latha a rèir clàr-dleastanais don luchd-obrach. Poileasaidh far a bheil "Smocadh Toirmisgte".	Beag	F
	Ceimigeach, me tònar a' chlò-bhualadair / ozone, stuthan glanaidh	Luchd-obrach	Tònar ùr ga chur ann a rèir stiùireadh a' chompanaidh a rinn an uidheam. Mar phàirt den inntrigeadh aca ionnsaichidh luchd-obrach mu bhith cleachdadh a' chlò-bhualadair. Miotagan <i>vinyl</i> air daoine nuair a tha iad buailteach buntainn ris an tònar, me nuair a tha iad a' cur catraids ùr ann. Ceimigeach / stuthan air an cleachdadh a rèir stiùireadh a' chompanaidh a rinn iad. Ma thèid dad a dhòrtadh, thèid a ghlanadh sa bhad, agus thèid sgudal a chur a-mach ann an dòigh iomchaidh. Bidh clò-bhualadairean a thathar a' cleachdadh tric ann an àiteachan le èadhraigeadh math.	Beag	F
	Nì sam bith eile a tha iomchaidh gu h-ionadail	Mar as iomchaidh	Mar as iomchaidh		

*Buil: G = Glè bheag, F = Fo smachd iomchaidh, Gu = Gun smachd iomchaidh, feumar dèiligeadh ris, Ch = Chan eil fhios dè an cunnart*

*Foirm Measadh Cunnairt Fèisean nan Gàidheal airson Cunnart a Thomhas san Oifis agus nòtaichean stiùiridh – Bu chòir am foirm seo a chleachdadh còmhla ris an stiùireadh fhreagarrach agus Poileasaidh Slàinte is Sàbhailteachd FnG, agus bu chòir a lìonadh airson gach àrainneachd oifise agus gach oifis dachaigh.*

<b>Plana Gnìomha (14)</b>				
<b>Àir. Clàraidh</b>	<b>Tuilleadh Ghnìomhan a dhìth</b>	<b>Gnìomh dèante fo stiùir</b>	<b>Air a dhèanamh ro</b>	<b>Dèante</b>
	Trèanadh do luchd-obrach a thaobh làimhseachadh/togail nithean	<i>IND</i>	<i>An Giblean 2010</i>	
	Siostam airson luchd nan iuchraichean	AC/AW	Leantainneach	
	Poileasaidh airson Dèiligeadh ri Uallach-inntinn	IND	Sul 2009	
	Clàr-dleastanais airson glanadh	AW/CA	Leantainneach	
	Poileasaidh Sàbhailteachd Teine	IND	Sul 2009	

*Buil: G = Glè bheag, F = Fo smachd iomchaidh, Gu = Gun smachd iomchaidh, feumar dèiligeadh ris, Ch = Chan eil fhios dè an cunnart*

*Foirm Measadh Cunnairt Fèisean nan Gàidheal airson Cunnart a Thomhas san Oifis agus nòtaichean stiùiridh – Bu chòir am foirm seo a chleachdadh còmhla ris an stiùireadh fhreagarrach agus Poileasaidh Slàinte is Sàbhailteachd FnG, agus bu chòir a lìonadh airson gach àrainneachd oifise agus gach oifis dachaigh.*

## Nòtaichean airson Foirm Measadh Cunnairt

Tha Seirbheisean Slàinte & Sàbhailteachd a' moladh am measadh seo a chleachdadh gus smachd a chumail air na cunnartan a dh'fhaodadh a bhith ann an oifis far is sibhse an aon bhuidheann a tha ag obair innte.

### Cudromach!

**Ma chleachdas sibh am measadh seo, cha bhi na cunnartan fo smachd cheart ach nuair a ghabhas na ceumannan ainmichte fo 'Ceumannan gus cunnart a smachdachadh' an cur an sàs agus nuair a thèid an cur an sàs, no nuair a tha ceumannan agaibh mu thràth a tha a cheart cho math no nas fheàrr.**

Feumar dèiligeadh ri uireasbhaidhean sam bith mus bi am measadh seo freagarrach agus mus ghabh e a chleachdadh (faicibh 13 & 14 gu h-ìosal).

### Mar a chleachdas sibh am foirm a rèir ur suidheachaidh fhèin

- (1) **Ceann-latha:** Sgrìobhaibh an ceann-latha a thèid crìoch a chur air an fhoirm mheasaidh. Feumaidh e a bhith dligeach air an latha sin.
- (2) **Air a mheasadh le:** Cuiribh ainm is ainm-sgrìobhte an neach-measaidh. (Tha an t-ainm aca ceart gu leòr leis fhèin mas ann an cruth-dealain a chuirear a-steach am foirm).
- (3) **Cinnteach Às / Dearbhte\* le:** dubhaibh aon dhiubh às.

**Cinnteach Às:** Sgrìobhaibh ainm is ainm-sgrìobhte an neach aig a bheil ùghdarras dèanamh cinnteach gun deach am measadh a dhèanamh le cuideigin comasach as urrainn cunnart a chomharrachadh agus a mheasadh, agus gu bheil a' cur an sàs nan ceumannan smachdachaidh. Mar as trice nì cuideigin mar mhanaidsear roinne, neach-stiùiridh, prìomh neach-sgrùdaidh, msaa cinnteach às. Bu chòir dèanamh cinnteach às a' mhòr-chuid de mheasaidhean cunnairt.

**Dearbhte le:** Cleachdaibh seo airson suidheachaidhean far a bheil barrachd cunnairt, me, nuair a dh'fheumas neach "neo-eisimeileach" eile measaidhean nas toinnte a dhearbhadh, agus iad comasach air sin a dhèanamh. No nuair a tha ceum smachdachaidh ann a tha a' cur an sàs gu teann siostam cead-obrach far am feumar tòrr ullachaidh a dhèanamh airson àite-obrach. Bu chòir gun robh an neach-dearbhaidh an sàs sa chùrsa no dòigh ionnsachaidh eile a th' aig a' bhuidhinn mu thomhas cunnairt, agus tha iad buailteach a bhith nan innleadairean dearbhte no neach-dreuchd le eòlas iomchaidh a thaobh nan dearbhaidhean. Am measg nan eisimpleirean far a bheil dearbhadh a dhìth tha: soithichean-brùthta, uidheam togail airson luchd-obrach no nithean a ghiùlan tro àiteachan far a bheil daoine, agus suidheachaidhean ceudna.

- (4) **Àite:** sgrìobhaibh fiosrachadh mun àite air a bheil a' dèanamh measadh, m.e. togalach, làr, seòmar, sgoil, Prìomh Oifis msaa.
- (5) **Àir. a' Mheasaidh:** sgrìobhaibh àireamhan clàraidh ionadail a tha gan cleachdadh.
- (6) **Deit an Ath-sgrùdaidh:** sgrìobhaibh dè cho tric agus a bheirear sùil às ùr air a' mheasadh. 'S dòcha gum bi seo a h-uile bliadhna, no nas ainneimhe na seo ma tha na cunnartan an ìre mhath seasmhach. Cuimhnichibh gum feumar sùil às ùr a thoirt air measadh sam bith ma dh'atharraicheas cùisean ann an dòigh shusbainteach – dòighean-obrach, an làrach, na daoine a dh'fhaodadh a bhith ann an cunnart, msaa.
- (7) **Gnìomh / togalach:** 'S e measadh cunnairt sònraichte a tha seo airson gnìomhan a thathar a' dèanamh an lùib obair àbhaisteach oifisean.
- (8) **Gnìomh:** Chaidh na sreathan sa cholbh seo a chur ri chèile gus sealltainn gu bheil gach cunnart co-cheangailte ri obair làitheil na h-oifise a thathar a' measadh.
- (9) **Cunnart:** sgrìobhaibh na cunnartan uile a tha san àite/an lùib nan gnìomhan a tha sibh a' dol a mheasadh an seo. Cuimhnichibh coimhead airson cunnartan 's dòcha nach eil cho follaiseach. Thoiribh às cunnartan, agus cuiribh feadhainn ris, an eisimpleir de mheasadh mar as iomchaidh.

- (10) **Daoine a dh'fhaodadh a bhith an cunnart:** sgrìobhaibh an seo na daoine a dh'fhaodadh a bhith ann an cunnart tron obair. Cuimhnichibh air daoine air a bheil an obair a' bualadh, ged nach eil a' dèanamh na h-obrach, mar luchd-glanaidh agus cunnradair airson obair-ghleidhidh, daoine a tha a' dèanamh obair-ghleidhidh is obair eile às leth nan daoine aig a bheil sealbh air na toglaichean. Cuimhnichibh cuideachd gum bi cunnart nas motha ann do chuid a dhaoine, me màthraichean le leanabhan òga, luchd-ciorramach, daoine òga air greis-gnìomhachais.
- (11) **Ceumannan a th' ann mu thràth gus cunnart a smachdachadh:** Bidh liosta ann de na ceumannan a dh'fheumar gus cunnart a smachdachadh. 'S dòcha gum bi feum air measaidhean mionaideach airson cuid a chunnartan fo reachdas sònraichte (me, làimhseachadh, obair DSE). Nuair a tha seo fìor, agus nuair a rinneadh measadh mionaideach mu thràth, faodaidh sibh iomradh a thoirt sa mheasadh choitcheann seo ag iarraidh air daoine coimhead air na sgrìobhainnean eile. Cuideachd an lùib smachdachaidh, faodaidh sibh luchd-obrach le teisteanas/eòlas iomchaidh a chleachdadh gus cuid a ghnìomhan a dhèanamh; faodar ann am plana-gnìomha trèanadh a chur air dòigh do dhaoine eile a bhios ris na gnìomhan sin.
- (12) **Ìre Cunnairt:** tha seo ag innse **dè an cunnart a th' ann nuair a tha ceumannan smachdachaidh air an cur an sàs** agus faodaidh i a bhith mòr, meadhanach mòr no beag, a rèir dè cho coltach agus a tha e gun dèan an gnìomh cron air duine agus dè cho mòr a bhios an cron.

Tha cunnart **BEAG** ann – mura h-eil mòran teansa idir ann gun èirich suidheachadh a nì cron air neach fhad 's a thathar a' cur an sàs nan ceumannan smachdachaidh, agus ged a bhiodh cunnart ann, cha bhiodh daoine air an droch leòn.

Tha cunnart **MEADHANACH MÒR** ann – ma tha e nas buailtiche gum faodadh suidheachadh a bhith ann a nì cron air neach agus gum faodadh sin buaidh nas miosa a thoirt orra (m.e. ùine far obair, no air an goirteachadh beagan). Tha cunnart **MÒR** ann – ma tha e coltach gun tèid cuideigin a leòn (m.e. bha tubaistean eile ann, agus tha e glè choltach gum bi barrachd ann) agus gum bi iad air an droch leòn (cnàmhan briste, air an toirt don ospadal, gun mhothachadh), no fiù 's gum faigh iad bàs.

**Cudromach!** Ma thèid am measadh seo atharrachadh, feumar dèanamh cinnteach gu bheil na h-Ìrean Cunnairt is Builean fhathast iomchaidh, agus nach eil na h-atharraichean air buaidh a thoirt orra.

- (13) **Buil:** gu math tric cha bhi daoine a' toirt an aire air a' phìos seo, ach 's math dh'fhaodte gur e seo am pìos as cudromaiche. Ged a tha ìre cunnairt air a chomharrachadh, chan eil sin a' ciallachadh gu bheil an cunnart fo smachd cheart. 'S iad na roghainnean airson a' chuibh seo:

**G = glè bheag.** Cleachdaibh e airson gnìomhan gun mòran cunnairt gus sealltainn gu bheil sibh air an cunnart a chomharrachadh, ach san t-suidheachadh agaibhse chan eil mòran cunnairt sam bith ann.

**F = fo smachd, chan fheumar dad a dhèanamh.** Mura h-eil mòran cunnairt ann ri linn nan ceumannan smachdachaidh agaibh, agus ma thathar air na dleastanasan reachdail uile a choileanadh (agus poileasaidhean Oilthigh air an coileanadh) cuiribh F sa cholbh seo.

**Gu = gun smachd iomchaidh, feumar dèiligeadh ris.** Uaireannan, gu sònraichte nuair a tha suidheachadh ùr ann no ma tha suidheachadh a bh' ann mu thràth air atharrachadh, faodaidh am measadh cunnairt cunnart mòr no meadhanach mòr a chomharrachadh, agus e comasach dhuibh le ceumannan reusanta an cunnart a lùghdachadh. Nuair a tha seo fìor, feumar **am plana gnìomha** a chur an sàs.

**Ch = chan eil fhios dè an cunnart. Tuilleadh fiosrachaidh a dhith.** Cleachdaibh am mìneachadh seo mura h-urrainn an neach-measaidh gin de na bogsaichean a lìonadh, air adhbhar sam bith. Gu tric, gheibhear fiosrachadh a bharrachd, me bho Chomhairliche Sàbhailteachd na Sgoile agaibh, luchd-solair na h-uidheim/nan ceimigean, Co-òrdanaiche Sàbhailteachd an Oilthigh.

**Nuair a tha builean G no F ann,** tha am measadh deiseil. **Ma tha builean Gu no Ch ann,** tha tuilleadh obrach a dhith gus am bi am measadh deiseil.

- (14) **Plana Gnìomha:** Sgrìobhaibh mu ghnìomhan sam bith a dh'fheumar a dhèanamh gus dleastanasan Earrainn 11 a choileanadh, 'Ceumannan a th' ann mu thràth gus cunnart a smachdachadh'. Ainmich cuideigin ris am bi e an urra dèanamh cinnteach gun tèid na gnìomhan a dhèanamh agus cuin a bu chòir an dèanamh. Cuiribh an ceann-latha ann nuair a rinneadh an gnìomh.

**MEASADH CUNNAIRT AIR STANS-OBACH**

[stèidhichte air: Riaghailtean Slàinte is Sàbhailteachd (Sgrionaichean Taisbeanaidh) 1992]



<b>AINM AN NEACH-CLEACHDAIDH:</b>  (Sgrìobhaibh ann an litrichean mòra.)	<b>ROINN:</b>  <b>FO-ROINN:</b>  <b>SGIOBA:</b>	<b>ÀIREAMH AN STANS-OBACH:</b>	<b>ÀITE:</b>  (Togalach, làr, seòmar, msa.)
<b>CUNNARTAN:</b>	<b>CUIDEACHADH/MOLAIDHEAN:</b>	<b>OK - √</b> <b>TRIOBLAID</b> <b>- X</b>	<b>MA THA 'X' ANN</b> <b>INNSIBH DÈ NÌ SIBH:</b>
<b>ÌOMHAIGH AN SGRION:</b> 1. An gabh na litrichean a leughadh?  2. A bheil an ìomhaigh gun phrìobadh no ghluasad?  3. An gabh an t-soilleireachd agus an coimeas atharrachadh?  4. An gabh an sgrion a thionndadh no aomadh?  5. A bheil an sgrion saor bho dheàrsadh is bho fhaileasan? (Ma dh'fheumar, cleachdaibh sgàthan air beulaibh an sgrion gus am faicear cò às a tha na faileasan a' tighinn)	(a) A bheil an ìomhaigh soilleir? (b) A bheil an sgrion soilleir?  (a) A bheil feum air dath eile air an sgrion gus nach bi an uiread prìobadh ann?  (b) Am feum sibh bruidhinn ris a' chompanaidh a rinn an uidheam?  (a) An gabh an sgrion a ghluasad no aomadh gus am falbh na faileasan? (b) An gabh an deasg no an nì a tha ag adhbharachadh nam faileasan a ghluasad? (c) An urrainnear an ìre solais atharrachadh no còmhdaichean uinneig a chleachdadh? (Dèanaibh cinnteach gun obraich na sgàileanan-uinneig. Tha sgàileanan-uinneig dìreach nas fheàrr na feadhainn chòmhnard. (d) Ma tha trioblaidean ann fhathast, coimheadar ri còmhdach neo-dheàrsaidh a chleachdadh mar an roghainn MU DHEIREADH?		
<b>MEUR-CHLÀR:</b>			
1. An gabh am meur-chlàr aomadh?  2. Am faigh an neach-cleachdaidh suidheachadh cofhurtail airson taidhpeadh?	(a) A bheil na làmhnan a' lùbadh suas aig cùl an dùirn? (b) A bheil an neach-cleachdaidh a' bualadh nan iuchraichean gu socair? (c) A bheil an neach-cleachdaidh a' sìneadh nan corragan aca cus? (d) A bheil am meur-chlàr fa leth bhon sgrion? (e) Am feumar am meur-chlàr ath-		

	shuidheachadh?		
3. A bheil rùm gu leòr ann air beulaibh a' mheur-chlàir far an cuir an neach-cleachdaidh an làmhan? (m.e. 50 mm)	(a) An gabh am moineatair a ghluasad nas fhaide air ais?		
4. A bheil deàrrsadh air a' mheur-chlàr?			
5. A bheil na caractaran furasta an leughadh?	(a) Am feumar meur-chlàr ùr fhaighinn, no am fear a th' ann a ghlanadh no atharrachadh?		
<b>CUNNARTAN:</b>	<b>CUIDEACHADH/MOLAIDHEAN:</b>	<b>OK - √ TRIOBLAID - X</b>	<b>MA THA 'X' ANN INNSIBH DÈ NÌ SIBH:</b>
<b>OBAIR LEIS AN LUCH</b> 1. A bheil a' cleachdadh na luch a no am ball-tragaidh gu tric?	(a) A bheil an neach-cleachdaidh a' stad a dh'obair bho àm gu àm? (b) An urrainn don neach-cleachdaidh a dhol bho bhith a' cleachdadh an làimh dheis gu bhith a' cleachdadh an làimh chli aca (agus a chaochladh) an-dràsta agus a-rithist? (c) A bheil an luch furasta a ruighinn? (d) A bheil grèim ro theann aig an neach-cleachdaidh air an luch? (e) Am b' urrainn dhaibh luch de mheud no chruth eadar-dhealaichte a chleachdadh?		
<b>ÀIRNEIS</b> 1. A bheil an deasg aca mòr gu leòr airson sgrìobhainnean, moineatair, meur-chlàr, msaa?	(a) Am b' urrainnear an clò-bhualadair, faidhlichean, msaa a chur gu àite eile airson gum bi tuilleadh rùm ann? (b) A bheil an neach-cleachdaidh a' gluasad san an aon dòigh a-rithist agus a-rithist no a' gluasad ann an dòigh chearbach? (c) An gabh an uidheam, pàipear no obair a riarachadh ann an dòigh eile gus nach bi iad mì-chofhurtail? (d) A bheil feum air tuilleadh rùm no socaidean?		
2. A bheil clàr an deasga saor bho dheàrrsadh is faileasan?	(a) An gabh mataichean no blotairean a chleachdadh airson deasgaichean nas motha?		
3. A bheil an sèithear seasmhach?	(a) A bheil 5 cuibhlichean air? (b) An gabh e atharrachadh? (me àirde an t-suidheachain, àirde cùl an t-sèitheir, an aom cùl an t-sèitheir) (c) A bheil e a' tionndadh? (d) An gabh e atharrachadh sna dòighean a bu chòir? (e) A bheil fios aig an neach-cleachdaidh mar a dh'atharraicheas e suidheachadh an t-sèitheir?		

<p>4. A bheil an neach-cleachdaidh cofhurtail? (Faicibh Dealbhan 1 is 2.)</p>	<p>(a) An gabh an sèithear atharrachadh? (b) A bheil gairdeanan an neach-cleachdaidh an ìre mhath còmhnhard ris an làr agus a bheil cùil an dùirn a' sìneadh a-mach gu còmhnhard, me, ann an loidhne leis an làimh agus an ruighe? (c) A bheil sùilean an neach-cleachdaidh mun aon àirde ri mullach cèis an VDU? (d) A bheil troighean an neach-cleachdaidh dlùth-chòmhnhard ris an làr? (e) A bheil cus cuideam air cùl nan casan is glùinean aca? (Ma tha, 's dòcha gu bheil acfhainn-taice chasan a dhìth.) (f) A bheil taic aig an t-sèithear airson bonn an droma? (g) A bheil taic aig an t-sèithear airson druim an neach-cleachdaidh? (A bheil an neach-cleachdaidh nan suidhe air an socair no a bheil iad ag aomadh air adhart?) (h) A bheil gairdeanan an t-sèithear a' cur stad air an neach-cleachdaidh faighinn faisg gu leòr air a' mheur-chlàr? (i) A bheil cnapan-starra fon deasg a dh'fheumar gluasad?</p>		
<p><b>BATHAR-BOG</b> 1. An urrainn don neach-cleachdaidh am bathar-bog a chleachdadh gun strì?</p>	<p>(a) An d'fhuair an neach-cleachdaidh trèanadh gu leòr? (b) A bheil am bathar-bog freagarrach airson na h-obrach? (c) A bheil brathan 'taic' gu leòr sa bhathar-bhog?</p>		

<b>CUNNARTAN:</b>	<b>CUIDEACHADH/MOLAIDHEAN:</b>	<b>OK - √ TRIOBLAI D- X</b>	<b>MA THA 'X' ANN INNSIBH DÈ NÌ SIBH:</b>
<p><b>ÀRAINNEACHD</b> 1. A bheil rùm gu leòr aca airson gluasad agus atharrachadh mar a tha iad suidhichte bho àm gu àm?  2. A bheil na h-ìrean solais, teas agus fuaim cofhurtail?  3. A bheil an èadhair ceart gu leòr?</p>	<p>(a) A bheil feum aig an neach-cleachdaidh air rùm airson gluasad?  (a) A bheil an solas freagarrach? (A bheil e ro shoilleir, no ro dhorcha airson a bhith a' leughadh gu cofhurtail?) A bheil feum air acfhainn-sgàile no barrachd solais? (b) Am feumar an neach a ghluasad nas fhaide bhon fhuaim, no acfhainn dìon-fuaim a chur an sàs, me airson clò-bhualadairean?  (a) A bheil an t-àite feumach air barrachd èadhair? (S dòcha gun cuidich lusan.) (b) A bheil inneal-bruthainneachd a dhìth?</p>		



<p><b>COIMPIUTAIREAN-UCHD/ COIMPUITAIREAN SO-GHIÙLAIN</b></p> <p>1. A bheil duine a' cleachdadh choimpiutairean-uchd / coimpiutairean so-ghiùlain?</p>	<p>(a) A bheil coimpiutairean ceart rim faotainn an àite coimpiutair-uchd/coimpiutair so-ghiùlain?</p> <p>(b) A bheil fios aig an neach-cleachdaidh mar a lughdaicheas iad cunnartan? (me, a' suidhe ceart, a' lughdachadh deàrrsadh air an sgrion, a' stad a dh'obair bho àm gu àm.)</p>		
--	---	--	--

A BHEIL FIOS AIG AN NEACH-CLEACHDAIDH GUM FAOD IAD DEUCHAINN SÙLA IS FRADHAIRC FHAIGHINN AN ASGAIDH?

A BHEIL FIOS AIG AN NEACH-CLEACHDAIDH GUM FEUM IAD FOIS A GHABHAIL BHO ÀM GU ÀM NUAIR A THA IAD AG OBAIR LE SGRION/MEUR-CHLÀR?

Tha e cudromach gun stad sibh ag obair airson greiseag bheag gu tric, agus gun dèan sibh obair eile mar fhaidhleadh msaa. (1 – 2 mhionaid gach 15-20 mionaid ag obair leis a' mheur-chlàr/luch.)

AN DEACH DÈILIGEADH RIS NA TRIOBLAIDEAN UILE A TH' AIG AN NEACH-CLEACHDAIDH A THAOBH COFHURTACHD?

AN DEACH DÈILIGEADH RIS NA GNÌOMHAN UILE?

BEACHDAN (MA SIBH AG IARRAIDH):

**MURA H-EIL TRIOBLAIDEAN ANN, LÌONAIBH NA LEANAS:**

**Ainm an Neach-  
cleachdaidh:**

**Ainm an neach-  
measaidh:**

**Ainm a' Mhanaidseir  
aca:**


**Ceann-latha:**

**Ainm-  
sgriobhte:**

**Ainm-  
sgriobhte:**


**Ainm-  
sgriobhte:**

Ògmhios 2010



### DEALBH. 1 A' CUR STANS-OBACH AIR DÒIGH

1. Furasta ruighinn air nithean.
2. Àite-obrach cofhurtail.
3. Solas freagarrach. (Nuair a ghabhas a dhèanamh, bu chòir solais a bhith a' tighinn don sgrion bho 90°.
4. Teas is cuairteachadh èadhair cofhurtail.
5. A' lughdachadh fhuaim a chuireas dragh air daoine.
6. Rùm airson casan agus an còrr den bhodhaig gus am faod daoine gluasad agus mar a tha iad suidhichte atharrachadh.
7. Bathar-bog freagarrach don obair, air atharrachadh a rèir feumalachdan an neach-cleachdaidh, a tha ag innse dè tha a' tachairt don t-siostam, agus nach eil a' cumail sùil air an neach-cleachdaidh gun fhiosta dhaibh.
8. Sgrion: ìomhaigh sheasmhach, a ghabhas atharrachadh, a leughadh, agus air nach eil deàrrsadh no faileasan.
9. Meur-chlàr: gun a bhith air a mhilleadh, gabhaidh atharrachadh, a thoirt dheth, agus a leughadh.
10. An deasg/clàr-obrach; a' ceadachadh suidheachadh sùbailte, gun dheàrrsadh agus le rùm gu leòr.
11. Inneal airson pàipearan msaa a shealltainn ri taobh an sgrion (ma dh'fheumar).
12. Luch a tha furasta a ruighinn.



## DEALBH. 2 SUIDHEACHAIN IS DÒIGH-SUIDHE AIRSON OBAIR ÀBHAISTEACH OIFISEAN

1. Gabhaidh cùl an t-sèitheir atharrachadh.
2. Taic mhath airson bonn an droma.
3. Gabhaidh àirde an t-suidheachain atharrachadh.
4. Gun cus cuideam air cùl ur sliasaidean no glùinean.
5. Taic airson troighean ma dh'fheumar.
6. Rùm gu leòr airson ur dòigh-suidhe atharrachadh. Gun chnapan-starra fon deasg.
7. Ruighean cha mhòr còmhnard.
8. Gun cus lùbadh no sineadh de chùil an dùirn.
9. Bu chòir àirde is aomadh an sgrion a bhith math a thaobh cho cofhurtail agus a tha suidheachadh a' chinn.
10. Rùm air beulaibh a' mheur-chlàir airson taic do làmhan nuair a thathar a' gabhail fios bho thaidhpeadh.

**Eàrr-ràdh 3 (Airson a' Phoileasaidh Slàinte is Sàbhailteachd)**  
**Fèisean nan Gàidheal**  
**Aithris mu Thachartas/Tubaist**

Ainm an Neach a bha an sàs/a chaidh a ghoirteachadh:	
Seòladh na Dachaigh & àireamh-fòn:	
Dreuchd:	
Neach ag aithris mun Tachartas (mas e cuideigin eile a th' ann seach an neach a chaidh a ghoirteachadh):	
Ainm:	
Seòladh na Dachaigh & àireamh-fòn:	
Dreuchd:	Ceann-latha:
Tubaist/Tachartas:	
Ceann-latha:	Cuin:
Àite:	
Uidheam/Innealan an sàs ann:	
Mìneachadh air an tachartas a' gabhail a-steach dè dh'adhbharaich an leòn agus dè an seòrsa leòn a th' ann:	
Air aithris ri:	
Am bu chòir fios a chur mun tachartas seo fo RALTTTC: Bu chòir/Cha bu chòir	
Gnìomhan a rinneadh/molaidhean:	
Ainm-sgrìobhte:	
Ceann-latha:	

Bu chòir lethbhreac den fhoirm seo a chumail ann an Log Fèisean nan Gàidheal. Feumar ceumannan Dion Fiosrachaidh a chur an sàs. Cuideachd faicibh [www.hse.gov.uk](http://www.hse.gov.uk) no [www.riddor.gov.uk](http://www.riddor.gov.uk) airson tachartasan nas miosa mum bu chòir fios a chur, nuair a tha sin iomchaidh.